

# NA DUILLEAGAN GÀIDHLIG

AIR AN CUR A-MACH AN LUIB | LIFE AND WORK

AIREAMH 2 | 2017 | AN GEARRAN

## Facal Toisich

A bheil sinn a' cur luach air na goireasan a tha againn anns an latha anns a bheil sinn beò?

Tha e furasda gu leòr dhuinn uile a bhith a' gearan ma chailleas sinn solas an dealain no goireas eile air a bheil sinn a' cur feum. Nuair a sgrìobh mi seo bha droch stoirm air a gealltainn. Tha bàtaichean-aiseig air an casg fad an latha agus dùil ri gaoith cho làidir ri ceithir fichead agus deich mìle anns an uair. Tha fuaim làidir aig a' ghaoith mar-thà taobh muigh an taighe agus chan eil fios nach tèid an solas dheth an-diugh fhathast.

Tha e nas fheàrr a bhith ullaichte aig an àm seo den bhliadhna, mar a tha e glic ullachadh a dhèanamh an còmhnaidh. Cheannaich sinn bataraidhean a dhèanamh cinnteach nach bi sinn gun solas. Ged a tha dealan againn anns na seòmraichean air fad am broinn an taighe chùm sinn aon teine fosgailte agus chan eil fios nach bi feum air an-diugh fhathast.

Chan eil sinn an còmhnaidh a' tuigsinn na tha de dhaoine an sàs air cùl gnothaich nuair a bhios sìde gharbh no èiginn air choireigin eile. Bidh luchd-obrach an dealain a' cur am beatha fhèin ann an cunnart airson gum bi solas againne. Bidh luchd-teasairginn trang air muir agus air tìr ma thig tubaisd sam bith.

Tha laoidh bheag shìmplidh Bheurla a tha a' comhairleachadh dhuinn ar beannachdan àireamh agus a bhith gan ainmeachadh, tè an dèidh tè, agus gun cuir e iongnadh oirnn na rinn an Tighearna air ar son. Glè thric 's e na rudan beaga a bheir toileachadh dhuinn agus air am bi sinn a' cur luach.

**Beannachd Dhè gu robh agaibh,  
Ruairidh MacLeòid**



Seo seann eaglais na sgìre ann an Inbhir Air, eaglais aig a bheil eachdraidh a' dol air ais iomadach ginealach. Tha dlùth-cheangal aig an eaglais seo ri Raibeart Burns, bàrd na h-Alba. Bhiodh Burns tric a' frithealadh seirbheisean eaglais anns a' choimhearsnachd anns an robh e a' fuireach. Sgrìobh e cuid de na sailm 'na chruth fhèin.

## Cùil nan Ceist

Aig a h-uile àm den bhliadhna tha an saoghal an tòir air sìth, agus aimhreit ann an iomadh dùthaich. 'S e sìth an cuspair a tha againn air a' mhìos seo. Gheibhear fuasgladh nan ceist air an duilleig chùil. Tha na freagairtean anns na caibideilean a tha sinn ag ainmeachadh.

1. Cò dha a thug Dia freagradh sìthe? (Genesis caibideil 41.)
2. Lìon a' bheàrn – “Bheir na ----- sìth don t-sluagh.” (Salm 72.)
3. Cò a sheas anns a' mheadhan agus a thubhairt, “Sìth dhuibh”? (Soisgeul Eòin, caibideil 20.)
4. Cò ris an goirear clann Dhè? (Mata, caibideil 5.)

## Misneachadh – 2

Tha far-ainmean bitheanta am measg nan Gàidheal. Bha ministearan ann a fhuair far-ainm. Bha Teàrlach Caldair 'na mhinistear an an sgrì na Tòiseachd. 'S e *Piobaire an Aona-phuirt* an t-ainm a bha aig cuid air. Sin a chionn gu robh an t-aon chuspair aige anns a h-uile searmon. Agus dè an cuspair a bha sin? Bha gràdh Chrìosd. Ach nach ann aige a bha am port ceòlmhor!

Bha feadhainn ri linn a' Bhìobaill a fhuair far-ainm on càirdean. Ann an Leabhar nan Gnìomharan tha iomradh againn air fear de na creidmich a bhuineadh do dh'eilean Chìoprui. 'S e an t-ainm a thug càch air, *Barnabas*. Tha e air innse dhuinn gur e a tha a t-ainm sin a' ciallachadh ach, *Mac na Cofhurtachd*. Nach brèagha an t-ainm a thug na Crìosdaidhean eile air. *Mac na Cofhurtachd*. Dh'fhaodamaid an t-ainm sin eadar-theangachadh mar seo, *Mac a' Mhisneachaidh*. Seo an rud a bha sònraichte mu dhèidhinn Bharnabais, gu robh tàlant aige airson daoine eile a mhineachadh. Cha bhiodh tu fada 'na chuideachd nuair a dh'fhairicheadh tu do spiorad air a thogail, blàths nad chridhe. Tha daoine ann a tha mar sin, aig a bheil alt ann a bhith a' toirt neirt agus cofhurtachd do chàch.

Aig àm an Darna Cogaidh chan eil fios cia mheud duine a fhuair togail o na h-òraidean aig Winston Churchill, gu h-àraidh nuair a bha cùisean a' coimhead neulach dorcha. Bha esan a' creidsinn nach ann aig cumhachdan an uilc a bhiodh a' bhuidh-làraich air a' cheann mu dheireadh.

Gum faigh sinn uile misneachadh air a' mhìos seo gu bhith a. coinneachadh ris gach dleasdanas a tha a tha romhainn. Agu gun dèan sinn sinn ar dheall airson neart a thoirt do chuideigin a tha a' cromadh fo uallaichean na beatha seo.

## An t-Urr. Ailean Iain MacArtair

Bidh ionndrain mhòr air an Urr. Ailean Iain MacArtair, a chuir seachad a mhinisteachd gu lèir air taobh siar na Gàidhealtachd.

Rugadh Mgr. MacArtair ann am Marabhaig ann an Leòdhas air an darna latha fichead den Chèitean 1928. Chaidh e tron fhoghlam air na Lochan agus ann an sgoil MhicNeacail eadar 1932 agus 1944. An dèidh an sgoil fhàgail bha e ag obair ann an oifis agus aig Ministrealachd an Dìon mus cuala e gairm Dhè gu bhith. Thug e a-mach BD ann an Oilthaigh Ghlaschu agus fhuair e cead searmonachaidh o Chlèir Ghlaschu anns an Og-mhìos 1973.

Air an naodhamh latha den Lùnasdal 1973 chaidh Ailean MacArtair a choisrigeadh gu dreuchd na ministrealachd agus a phòsadh ri coitheanal Loch Carann agus Shildeig a bha a-nis ceangailte ri Toirbheartan agus Ceann Loch Iù.

Chuir an t-Urr. Ailean Iain MacArtair seachad bliadhnachan a mhistrealachd anns an aon choitheanal, rud nach eil a' tachairt tric nar latha. Leig e dheth uallach coitheanail aig deireadh a' Chèitein 1998. Ann an 1954 phòs e Oighrig NicLeòid agus bha seachdnar de theaghlach aca.

Rinn Mgr. MacArtair obair mhòr anns an eaglais agus ann a' choimhearsnachd nuatr a bha e 'na mhinistear air Ghàidhealtachd. Bha e 'na chlàireach air a' Chlèir agus 'na bhall den Chomhairle. Bha mòran den luchd-leughaidh eòlach air a bhràthair, nach maireann, an t-Urr. Iain (Jack) MacArtair.

Tha sinn a' toirt taing do Dhia airson beatha agus ministrealachd Ailein MhicArtair.

## Leabhraichean

Fhuair am Fear-deasachaidh an leabhar seo mar thìodhlac Nollaige agus aon uair is gun do thòisich e ga leughadh cha b'urrainn dha a chur an darna taobh gus an do chuir e crìoch air.

'S e a tha an seo iomradh air beatha Ailig MhicGhilleathain a bhuineadh do Thiriodh agus a rugadh ann an 1923. Nuair a bha e ceithir bliadhna deug dh'fhàg e an t-eilean agus coltach ri iomadh Tirisdeach eile chuir e bliadhnachan mòra seachad aig muir. An ceann dà bhliadhna thàinig bliadhnachan buairesach an Darna Cogaidh agus tha cunntas againn air na fiosrachaidhean a bha aig Ailig ri linn a' Chogaidh.

Bha alt aig an ùghdar ann a bhith ag innse sgeulachd. Tha e ag aithris gu drùidhteach cò ris a bha e coltach a bhith ag èirigh suas ann an Tiriodh eadar an dà chogadh agus mar a bha beatha an t-seòladair

**No Shame in Fear.**  
**Alex C. Maclean.**  
**(Islands Books Trust. £9.99.)**

ann am bàtaichean.

Cha robh beatha fhurasda aig Ailig MacGhilleathain o thoiseach a làithean. Chaill e a mhàthair ris an robh e cho ceangailte agus an dèidh dha pòsadh chaidh fhàgail 'na bhantrach agus cha robh a bhean ach seachd deug thar fhichead. Chaidh fhàgail le teaghlach òg. 'S e rud-eigin a thubhairt a mhàthair chòir ris a thugadh mar ainm air an leabhar, Chan eil nàire ann an eagal. A' coimhead air ais air fiosrachaidhean a bheatha, tha e a' sgrìobhadh, *Tha mi a-nis ag aithneachadh nach robh, Dia air mo thrèigsinn ach gu robh mise air a thrèigsinn.*

Ged a dh'fhàg eilean 'àraich aig aois cho òg, cha do chaill am fear-sgrìobhadh an ceangal a bha aige ri Tiriodh.

# Searmon Beag

**Searmon a chaidh a thoirt Seachad aig Seirbheis Shònraichte ann an Eaglais na Cille Mòire faisg air an Oban aig Deireadh na Samhna 2016**

*Shaothraich daoine eile, agus chaidh sibhse a-steach 'nan saothair.*  
(Èoin 4 :38)

An-diugh tha sinn mothachail gu bheil sinn air ar cuartachadh le linntean de dh'eachdraidh. Mun cuairt oirnn tha seann làraich a tha a' dol air ais iomadach ginealach. Chì sinn fianais air far an robh daoine anns na linntean a dh'fhalbh ag obair agus ag adhradh. Chì sinn comharraidhean air mar a bha an talamh air àiteach leis na ginealaichean a chaidh romhainn. Tha ainmeannan nan àiteachan, gu h-àraidh ainmeannan co-cheangailte ri eachdraidh na h-Eaglais, 'nan teisteanas air na rinn na daoine a bha beò anns an sgìr seo anns an t-seann aimsir.

An-diugh tha sinn a' cur urraim gu sònraichte air ministear cho ainmeil agus a bha a' saothreachadh anns an t-seann sgìr seo. B'esan an t-Urr. Pàdraig Dòmhnallach.

Rugadh Pàdraig Dòmhnallach ann an Diùranais ann an siorrachd Chataibh ann an 1729. Nuair a chaochail e ann an 1824, aig aois cheithir fichead agus còig deug, b'esan am ministear a bu shine ann an Eaglais na h-Alba. Bha e a ràdh fad bhliadhnan a mhinistrealachd nach do chaill e fiù 's aon latha le tinneas no dìth slàinte.

Bha athair ministear na Cille Mòire cuideachd ainmeil ann an eachdraidh na Gàidhealtachd. B'esan Murchadh Dòmhnallach, a bha 'na mhinistear ann an Diùranais, agus a bha 'na dheagh charaid aig bàrd Chataibh, Rob Donn.

Bha Maighistir Pàdraig pòsda aig Barabal, nighean Alasdair Dhòmhnallaich na Ceapaich. Bha ise 'na bana-Chaitligeach, agus a rèir aithris cha bhiodh i a' frithealadh nan seirbheisean aig a fear-pòsda.

Bha ceithir deug de theaghlach aig Pàdraig agus Barabal, agus 'nam measg bha an t-Urr. Dòmhnall Dòmhnallach, an t-ochdamh mac, a bha e fhèin 'na mhinistear, ann an Cill Eathain ann an Cinntire fad còrr is leth-cheud bliadhna, eadar 1799 agus 1851.

Bha Maighistir Pàdraig, ministear na sgìre seo, 'na fhear-ciùil sònraichte 'na latha. Chluicheadh e grunn ionnstramaidean. Chuir e fhèin agus a bhràthair, Iòseph, a-mach leabhar ainmeil ann an 1784 le fuinn Ghàidhealach nach robh riamh ann an clò chun a sin. Bha eòlas math aige air ceòl na pìoba.

Tha sinn mothachail an-diugh, mar a leugh sinn ann an litir nan

Eabhraidheach, gu bheil sinn air ar cuartachadh le neul cho mòr de dh'fhianaisean. Bha cuid de na creidmich a chaidh romhainn iomraiteach ann an eachdraidh na h-Eaglais air a' Ghàidhealtachd. Cha robh iad uile cho ainmeil no cho tàlantach ri Pàdraig Dòmhnallach. Chan eil an ainmeannan sgrìobhte ann an leabhraichean eachdraidh ach air cùl gnothaich rinn iad an cuid fhèin ann a bhith a' cur creidimh an gnìomh 'nan latha fhèin. *Shaothraich daoine eile agus tha sibhse air a' dhol a-steach 'nan saothair.*

Tha sinn air ar misneachadh leis na rinn na creidmich a chaidh romhainn, nuair nach robh na sochairean aca a tha againne, gu h-àraidh an fheadhainn a bhuineadh don sgìr eachraidheil seo.

Tha an saoghal againne tur eadar-dhealaichte on t-saoghal anns an robh an t-Urr. Pàdraig Dòmhnallach beò. Ach tha daoine fhathast a' tighinn chun na h-eaglais anns a' Chill Mhòir a dhèanamh adhradh, a fhrithealadh na Sàcramaid, d len ceistean fhèin, leis na cùisean a tha a' dol leo agus na rudan a tha a' dol 'nan aghaidh, leis na rudan a bha a' dèanamh dragh dhaibh agus na rudan a bha a' toirt togail dhaibh.

Tha e buannachdail dhuinn a bhith a' toirt sùil air ais. Ach feumaidh sinn cuideachd a bhith a' coimhead romhainn. Tha sinn air ar gairm mar a bha creidmich anns an ochdamh linn deug agus anns an naodhamh linn deug gu bhith a' cumail air adhart ann an rèis a' chreidimh, ann an co-chomann a chèile, an crochadh air gràs Dhè, *ag amharc air Iosa, ceannard agus fear-criochnachaidh ar creidimh.*

An-diugh tha sinn ag ùrnaigh, mar a sheinn sinn aig toiseach na seirbheis -

*Bi leinn O Dhia ar n-athraichean,  
'S na dìobair sinn gu bràth.*



**Anns an dealbh: an t-Urr. Dùghall Camshron, ministear na Cille Mhòire agus an Obain, agus an t-Oll. Urr. Ruairidh MacLeòid aig eaglais na Cille Mhòire.**

## Gàidhlig Shìmplidh

Ceann-teagaisg airson na mìos seo: "Bheir Esan neart don anmhann. Tha na faclan sin sgrìobhte ann an leabhar Isaiah, an dà fhicheadamh caibideil, an naodhamh rann thar fhichead. (Isaiah 40:29. Chan eil sinn math air a bhith ag aideachadh gu bheil sinn lag. Ach tha Pòl a' sgrìobhadh nuair a tha sinn lag an sin tha sinn làidir. Tha ar laigse a' toirt oirnn a bhith a' coimhead ri neart agus cuideachadh Dhè.

Aig deireadh na bliadhna a chaidh seachad agus aig toiseach na bliadhna seo bha side gharbh againn. Tha dùil againn ri gaoith mhòir aig an àm sin den bhliadhna. Ach tha an latha a' fàs nas fhaide. Tha sùil againn ri side nas fheàrr a-nis. Cha bhi cuimhne air an droch shìde a bha againn anns a' gheamhradh nuair a thig làithean nas taitniche anns an earrach ged a bhios fuachd gu leòr againn fhathast.

a' coimhead Iosa, a' chrith-thalmhainn, agus na nithean eile a rinn-cadh, ghabh iad eagal mòr, ag ràdh, Gu firinneach b'e seo Mac Dhè. 55 Agus bha an sin mòran bhan (ag amharc am fad) a lean Iosa o Ghalile a' frithealadh dha:

**28** An dèidh na sàbaid, aig bris-eachd na faire air a' chiad là den t-seachdain, thàinig Muire Magdalen, agus a' Mhuire eile, a dh'fhaicinn na h-uaghe. 2 Agus feuch, bha crith-thalmhainn

Seanfhacal airson na mìos seo: "An fhada o thaigh a' mhodh a rugadh tu." (You were born far from the house of good manners.) Bha ar n-athraichean a' cur luach air modh. Bha e 'na chomharradh air neach Crìosdail gu robh iad modhail 'nan nàdar. Chan eil e a' cosg sgillinn dhuinn a bhith modhail ri ar co-chreutairean.

Bha làithean saora ann nuair a sgrìobh mi seo. Cha robh mòran charbadan a' dol seachad air an rathad. Bha daoine a-muigh a' coiseachd. Tha e math a bith a' gabhail fois aig àm trang den bhliadhna. Tha e a' dèanamh feum don chorp agus don inntinn a bhith a' coiseachd nuair a tha an aimsir freagarrach. Chan eil sinn a' dèanamh gu leòr coiseachd anns an latha anns a bheil sinn beò.



## AM FEAR-DEASACHAIDH

Seo seòladh Fear-deasachaidh nan Duilleag: Ruairidh MacLeòid, Creag nam Bàirneach, An Fhuirneis, Inbhir Aora, Earra Ghaidheal PA32 8XU. Fòn: 01499500 629 Post-dealain: mail@revroddy.co.uk

# Thall's a-Bhos

## COMUNN GAIDHLIG INBHIR NIS

An còmhnaidh tha cuspairean aig coinneamhan Comunn Gàidhlig Inbhir Nis anns am bi ùidh aig leughadairean nan *Duilleagan Gàidhlig*. Air a' mhìos a dh'fhalbh thug an Dotair Ailean Mac an Tuairneir seachad pàipear air cuairt a ghabh an t-Urr. Seumas MacLathagain gu Innse Gall ann an 1794. Air a' mhìos seo tha an t-Oll. Dòmhnall Meek a' toirt òraid air a' bhàrd spioradail Dùghall Bochanan.

## SEANN CHLADH AINMEIL

Air feadh na Gàidhealtachd tha seann chladhan aig a bheil mòran eachdraidh co-cheangailte. Faisg air Druim na Drochaid tha seann chladh Chnocan Buraidh agus tha muinntir an àite a' cur romhpa obair chàraidh a dhèanamh air. Tìodhlaicte anns a' chladh eachdraidheil seo tha buill de theaghlach nan Granddach, 'nam measg Pàdraig Grandd, a bha ann an ar-a-mach nan Seumasach. Nas fhaisge air an latha againn fhèin tha Sir Teàrlach Grandd a bha os cionn an Airm ann an Alba aig àm a' chogaidh mu dheireadh.

## FUASGLADH NAN CEIST

Seo freagairt nan ceist a chuir sinn oirbh air an duilleig aghaidh. 1. Pharaoh. 2. ... beanntan. 3. Iosa. 4. Luchd-dèanamh na sìthe.

## ADHBHAR GAIRE

Bha an t-Urr. Rob Fionnlaghstan, Fionnlaghstan nan Loch, 'na duine eirmseach. Bha mac-meanmna làidir

aige agus chleachdadh e sin anns a' chùbaid no 'na chòmhradh o latha gu latha. Turas agus e ann am bàta chunnaic e puthagan a' snàmh gu toilichte air a' mhuir. "O phuthagan bochda, dè a nì sibh nuair nach bi fairge ann nas motha?"

## Urnaigh

A Dhè na tròcair, chan eil sinne airidh  
air mathanas ach chan ann  
air ar n-airidheachd  
ach air ar feum tha Thu  
ag amharc.  
Tha Thu ag amharc air  
airidheachd Chrìosd,  
Uan Dhè gun chron gun smal.  
Tha sinn a' tighinn le ar  
n-ùrnaighean  
air a sgàth-san agus 'na  
ainm-san.

Amen

An dealbh air an duilleig aghaidh:  
Beinn Nibheis le còmhdach de shneachd.  
Thog Tormod MacLeòid an dealbh seo nuair a bha e  
air chuairt gu Drochaid an Aonachain.